

| Facal-toisich





An t-Uasal Urramach Ailig Salmond BPA BP

Prìomh Mhinistear na h-Alba

Tha mòr-mhiann againne ann an Riaghaltas na h-Alba airson àm ri teachd na h-Alba. Tha sinn cuideachd a' creidsinn gu bheil uachdranas na dùthcha againn a' laighe leis an t-sluagh aice. Mar dhaoine uachdarail, tha còir aig muinntir na h-Alba – agus sinne a-mhàin – gus co-dhùnadh a dhèanamh mun dòigh sa bheil sinn air ar riaghladh.

'S ann air an adhbhar seo a bha am manifesto againn airson Taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba am-bliadhna a' gealltainn cothrom a thoirt don t-sluagh gus beachdachadh air neo-eisimeileachd Albannach mar bhun-bheachd ann an referendum rè na Pàrlamaid seo.

San taghadh sin, thug an sluagh seachad bhòt shoilleir airson a bhith a' toirt tuilleadh leasachaidh air an dòigh sa bheil sinn gar riaghladh fhèin ann an Alba. Tha sinne san Riaghaltas a' creidsinn gur e neo-eisimeileachd as fheàrr airson ar dùthaich. Tha feadhainn eile a' toirt taic do bharrachd fèin-riaghlaidh, no barrachd dleastanas airson cìsean agus cosg, no feadaraileachd. Ach, ge brith dè na h-eadar-dhealachaidhean a tha eadar na pàrtaidhean poileataigeach, bha teachdaireachd an taghaidh soilleir – feumaidh suidheachadh bun-reachdail na h-Alba gluasad air adhart.

Tha leasachaidhean bun-reachdail eachdraidheil air a bhith ann an Èirinn a Tuath agus sa Chuimrigh bho chionn ghoirid, le pàrtaidhean ùra a' tighinn gu riaghaltas agus dleastanasan ùra gan tiomnadh. Tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a-nis air pàipear deasbaireachd fhoillseachadh mu riaghaltas Bhreatainn.

Mar Phrìomh Mhinistear na h-Alba, tha e na dhleastanas orm sgrùdadh a dhèanamh agus deasbaireachd a chumail air na roghainnean airson atharrachadh bun-reachdail. Stiùir mi a' chiad Riaghaltas le Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba a chaidh a thaghadh ann an Alba fèin-riaghailteach, agus mar sin bidh mi a' cur air adhart na cùise airson neo-eisimeileachd, agus na buannachdan agus na cothroman aice. Ach, tha mi cuideachd ag aithneachadh gu bheil raon de bheachdan eile san dùthaich againn, a tha air an riochdachadh sa Phàrlamaid.

Tha an t-aonadh fada a tha aig Alba le dùthchannan eile na Rìoghachd Aonaichte air a stèidheachadh air Aonadh Chrùintean 1603 agus Achdan Aonaidh 1707 agus 1801. Tha Aonadh 1801 le Èirinn mar-thà air a dhol tro atharrachadh mòr. Tha an deasbad poileataigeach ann an Alba a' buntainn ri Aonadh poileataigeach 1707, agus bhiodh atharrachadh no ais-ghairm air a seo fhathast a' fàgail Aonadh nan Crùintean ann an àite.

Tha mi mar sin a' moladh gum biodh còmhradh nàiseanta againn mun àm ri teachd againn gus cothrom a thoirt do mhuinntir na h-Alba deasbad, meòmhrachadh agus an uairsin co-dhùnadh a dhèanamh mun t-seòrsa riaghaltais as fheàrr a dh'uidheamaicheas sinn airson an ama ri teachd. Thathar an dùil gum bi am pàipear seo na thoiseach tòiseachaidh agus na bhrosnachadh airson a' chòmhradh sin. Tha e a' sgrùdadh raointean sam faodadh Alba dleastanasan eile a ghabhail os làimh – leithid cosnadh, ionmhas na dùthcha againn, no reachdas air sàbhailteachd poblach leithid acfhainn-sraide – cuide ri bun-bheachd neo-eisimeileachd, agus leasachaidhean bun-reachdail nas farsainge ann am Breatann.

Tha deich bliadhna ann a-nis bhon an referendum gus Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh. Tha sinn air na comasan aice gus freagairt air miannan agus feumalachdan muinntir na dùthcha seo fhaicinn. Ach tha sinn cuideachd air cuingealachaidhean nan dleastanasan làithreach aice fhaicinn. Tha mi a' creidsinn gu bheil an t-àm ann a-nis dhuinne, muinntir na h-Alba, gus beachdachadh air, agus taghadh a dhèanamh a thaobh, an ama ri teachd againn fhèin ann an saoghal an latha an-diugh.

| Geàrr-chunntas



Le stèidheachadh Pàrlamaid na h-Alba fo Achd na h-Alba 1998, fhuair muinntir na h-Alba guth deamocratach dìreach ann an co-dhùnaidhean thairis air raon de ghnìomhan riaghaltais a bha mar-thà gan cur an gnìomh ann an Alba. Bha an rèite fèin-riaghlaidh gu soilleir ag aithneachadh gum faodadh na dleastanasan a bha air an toirt do Phàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba ann an 1999 a bhith air an atharrachadh, agus chaidh uidheaman cudromach a ghabhail a-steach san Achd gus barrachd fèin-riaghlaidh a chomasachadh.

Tha cumhachdan cudromach mar-thà air an glèidheadh le Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte agus Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte. Bheireadh tuilleadh fèin-riaghlaidh sna raointean cudromach seo cothrom do Phàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba na co-dhùnaidhean aca fhèin a dhèanamh a thaobh nan ceistean cudromach seo, gu ruige math na h-Alba agus a' sealltainn bheachdan muinntir na h-Alba. Ann an cuid de raointean, dh'fhaodadh barrachd fèin-riaghlaidh co-leanailt nas motha a thoirt seachad a thaobh a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean agus a thaobh cunntasachd deamocratach airson libhrigeadh poileasaidh.

Ann a bhith a' dol nas fhaide na fèin-riaghladh neartaichte gu ruige neo-eisimeileachd, bhiodh cumhachdan Pàrlamaid na Rìoghachd Aonaichte gus reachdas a dhèanamh airson na h-Alba air an toirt gu crìch, cuide ri comas Ministearan na Rìoghachd Aonaichte cumhachdan gnìomhaiche a chur an gnìomh a thaobh na h-Alba. Thigeadh buaidh nan cumhaichean eile air fad ann an Achd na h-Alba gu crìch, agus gheibheadh Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba dleastanas airson poileasaidh dùthchail agus eadar-nàiseanta air fad, coltach ri stàitean neo-eisimeileach anns gach àite, le ùmhlachd do sholarachaidhean Chunnaidhean Aonadh na h-Eòrpa agus dleastanasan cunnraidh eile a tha sealbhaichte.

Tha nàdar bun-reachd na Rìoghachd Aonaichte ag atharrachadh. Tha leasachaidhean eachdraidheil air a bhith anns a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath, agus tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte air molaidhean fhoillseachadh gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte. Bu chòir do dh'Alba, co dhiubh is ann taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte no gu neo-eisimeileach, leantainn air adhart le bhith a' gabhail dreuchd cheannardach leis na nàbaidhean againn, a' gabhail a' chothroim gus leasachadh a dhèanamh air na h-uidheaman airson co-obrachadh eadar riaghaltasan san Rìoghachd Aonaichte a tha ann an-dràsta agus le Poblachd na h-Èireann.

Bhiodh feum aig barrachd fèin-riaghlaidh no neo-eisimeileachd air reachdas, dh'fhaoidte an dà chuid ann am Westminster agus Taigh an Ròid. Dh'fhaoidte gum biodh feum aig fèin-riaghladh neartaichte, agus gu deimhinne bhiodh feum aig neo-eisimeileachd, air aonta muinntir na h-Alba tro referendum. Chaidh gabhail ri bhòt leithid seo, ged nach eil i ceangaltach gu bun-reachdail, mar an dòigh cheart gus àm ri teachd bun-reachdail na h-Alba a shuidheachadh. Feumar, ma-tha, beachdachadh ceart a dhèanamh air seòrsachan iomchaidh reachdais airson bhòt leithid seo, agus air a' cheist a thaobh mar a dh'fhaodadh referendum a bhith air a chur air dòigh le Pàrlamaid na h-Alba.

Ann am beachd Riaghaltas na h-Alba, tha trì roghainnean iomchaidh ann. An toiseach, an sgeama fèin-riaghlaidh a tha air a mhìneachadh le Achd na h-Alba 1998 a ghleidheadh, le cothrom airson tuilleadh atharrachaidh ann an cumhachdan, gan leudachadh fa leth mar a tha freagarrach. San dàrna àite, a' toirt ath-dhealbhadh air fèin-riaghladh le bhith a' gabhail ri raon sònraichte de leudachaidhean ri cumhachdan làithreach Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba, dh'fhaoidte a' gabhail a-steach fèin-ùghdarras

fiosgail, ach gun a bhith a' dol cho fada ri adhartas gu neo-eisimeileachd slàn. San treas àite, agus an roghainn as fheàrr le Riaghaltas na h-Alba, a bhith a' leudachadh chumhachdan Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba gu neo-eisimeileachd. Tha na roghainnean seo air am mìneachadh ann an dòigh nas iomlaine sa phàipear seo.

Tha am pàipear seo na chiad cheum ann an còmhradh nàiseanta farsaing mu àm ri teachd na h-Alba. Leigidh an còmhradh seo le sluagh na h-Alba beachdachadh air na roghainnean uile airson àm ri teachd na dùthcha agus co-dhùnidhean fiosraichte a dhèanamh. Tha am pàipear seo a' toirt cuireadh do mhuinntir na h-Alba a dhol an lùib a' chòmhradh nàiseanta agus moladh a dhèanamh a thaobh mar bu chòir an còmhradh a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach às a' chom-pàirteachas as motha.